

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

PLANA GÀIDHLIG AIR A CHUR AIR BHOG LE SQA

25 An Gearran 2011

Chuir Ùghdarris Theisteanas Alba (SQA) a Phlana Gàidhlig air bhog an-diugh (Dihaoine 25 An Gearran 2011).

Tha Planaichean Gàidhlig nam prìomh phàirt den roi-innleachd a tha ann gus Plana Nàiseanta Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a liubhairt. Chaidh iad seo a chur ri chèile chor is gun toirear inbhe thèarainte don chànan, mar a tha an amharc aig Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig.

Tha Achd na Gàidhlig 2005 agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig cudtromachbunaiteach a thaobh cur an comas SQA agus nam buidhnean a tha an compàirteachas leis plana soirbheachail a chruthachadh los gum mair an cànan, chan ann a-mhàin an Alba ach gu eadar-nàiseanta.

Fo Achd 2005 feumaidh buidhnean poblach ullachadh am Plana Gàidhlig a thoirt gu aire gach buidheann aig a bheil gnothach ris. Fhuair SQA comhairle an t-sluaigh air dreachd den phlana aige air feadh ochd seachdainean ann an 2009 agus chuir iad na fhuair iad de dh'fhiorsachadh an àireamh ri linn pròiseas a' chomhairleachaidh.

Thuirt Àrd-Oifigear SQA, An Dr. Seonag NiclleDhuinn: "Tha mi glè thoilichte bogadh ar Plana Gàidhlig ainmeachadh. 'S e amas a' phlana taic is aitheantas a thoirt do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaидh Gàidhlig de gach aois agus iad a' dol an lùib siostam foghlaim is teisteanasan na h-Alba gu deimhinneach. Crochaidh soirbheas ar plana gu mòr air a bhith a' cumail agus a' cur ris a' chom-pàirteachas làidir eadar SQA is ar n-ionadan-foghlaim, agus air a' choobrachadh dhlùth dheimhinneach againn leis na buidhnean a tha co-cheangailte rinn.

"Gu sònraichte, nì ar plana cinnteach gun cùm SQA a thaic chudtromach ri prìomh amasan Bhòrd na Gàidhlig, 's e sin, leudachadh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, foghla姆 luchd-ionnsachaيدh òg sna sgoiltean agus foghla姆 Gàidhlig do dh' inbhich."

Aithnichidh SQA cho cudtromach 's a tha e taic a thoirt do na h-amasan a tha mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Mar phrìomh phàirt den rud seo tha leasachadh Roi-innleachd Foghlaim na Gàidhlig aige. Tha SQA ag obair air na ceithir prìomh amasan nàiseanta don Ghàidhlig, 's e sin, Togail-càinain, Cleachdad, Inbhe

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



agus Corpus na Gàidhlig. Cho math ri teisteanan Gàidhlig a thairsginn do luchd-ionnsachaidh is do dh'fhlileantaich, tha SQA air cur roimhe gum meudaichear raon chuspairean is ìrean mar a leudaicheas iarrtas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. An ceartuair, tha SQA a' tabhann cuid de na deuchainnean tro mheadhan na Gàidhlig; Cruinn-eòlas, Eachdraidh, Matamataig agus Foghlam Co-aimsireil aig An Ìre Choitcheann agus Matamataig aig An Àrd Ìre.

Faodar Plana Gàidhlig SQA a lorg aig www.sqa.org.uk/gaelic agus gheibhear lethbhric dheth o ar n-ionad-conaltraidh aig customer@sqa.org.uk, air neo 0845 279 1000.